

Is grian 's is sgiath Iehobhah fhlaithneis;
 'Si 'n Eglais a gheulach fuidh dhearladh;
 'S na h-aingil 's iad reultan speur an t-soluis
 Thoirt teaguisg, 's thoirt earail, chum tearnuidh
 'Sa nise tha ghaol, mar thaosge soluis,
 Air chriodhachibh chreideach neo-fhalsadh;
 A ghleusadh an cail, le blathas na h-anail,
 Chum cliu thoirt le'n guthanibh arda.

Ach seallibh gu dlu le'r run, 's le'r tuigse,
 Air innleachd ro f hairsinn na slainte,
 Tha ruigheachd feadh chriochaibh cian na cruidhachd,
 'S eo chuireas gu coillontadh cainnt air?
 Tha buaidhean ro-oirdheirg, 's gloir a Chrughearn,
 Gu'n chosamhlachd idir, na samhlachd;
 Dealradh an gnuis ro-chiuin an Tighearn,
 Is teichidh gach faileas roimh dhearladh.

Seallaibh gu'n dail an stapul Bhethelem
 'S faicibh ann Leanamh gu'n samhlachd,
 Is abribh, ma's aill libh dan a labhairt,
 Nach soileir an taisbeanadh graidh e?
 Aon ghin Mhic Dhia, ro-iosal buileach,
 'Se gun mhuirn, 's gun bheadradh, 's gun bhaigh ris;
 Ach iosal air lar, fuidh thair nam beartach,
 Ghabh tamh, mar a chleachd iad, san ard-thigh.

Ach chuir iad air failt gun dail na h-aingil,
 'S thug sgeul air a theachd chum ar slainte;
 Nis rachaibh gun dail fuidh sga a bhrataich,
 Is gheibh sibh e 'coiliant' mar gheall e:
 Oir innseam dhuibh sgeul, deir beul an Aingil;
 Deagh sgeul, bhios gun chrioch is gun cheann air;
 Oir rugadh dhuibh Slanuighean graidh; an Tighearn
 Am baile a gheallaigh, Righ Daibhidh.